
Seimeastar 2 2015-16

B.A. Cànan agus Cultar na Gàidhlig

Tìotal a' Mhodail:	Eachdraidh Agus Leasachadh a' Chànain
Còd a' Mhodail:	UQ509828
Ceann-là/Uair/Ùine:	Dihaoine 13 den Chèitean 2016
Uair/Ùine:	9.25 gu 11.30

'S fhiach an deuchainn seo 50% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhadal.

Fiosrachadh:

Tha faclairean Gàidhlig ceadaichte san deuchainn seo, ach chan eil leabhraichean no notaichean sam bith eile ceadaichte.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Chan fhaodar càil a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh.

Freagair ceist 1 agus dà cheist eile.

Cuir an **àireamh oileanach** agad agus an **t-ionad-measaidh** a-mhàin air aghaidh gach leabhar-freagairt.

Na cuir d' ainm air pàirt sam bith den leabhar.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh.

1. Cuir Gàidhlig an latha an-diugh air an earrainn a leanas à *Foirm na n-Urrnuidheadh* [60], agus freagair na ceistean nan cois [40]:

FOIRM na n-URRNUIDHEADH
agas
FREASDAL na SACRAMUINTEADH
agas
FOIRCEADUL an CHREIDIMH CHRISTUIDHE

and so sìos, mar ghnáthuighear a n-Eaglaisibh Alban do ghrádhugh agas do ghlac Soisgél Díleas Dé, tar éis an fhuar-chreidimh do chur **ar gcúl**; **arna dtarraing** as Laidin agas as Gaill-Bhérla i nGaoidheilg lé

M. SEON CARSUEL
Ministir Eaglaise Dé a gcríochaibh Earra Gaoidheal darab comh-ainm Easbug Inndseadh Gall.

Ní h-éidir lé h-én-duine fundamuint oile do tsuidhiughadh acht an fhundamuint atá arna suighiughadh i. Iosa Críosa. I Cor. 3.

Do buaileadh so a gcló **i nDún Edin**, darab comh-ainm Dún Monaidh, an 24 lá don mhís Aipríl, 1567, lé Roibeard Lekprevik.

(60)

- a. Carson a tha –adh aig deireadh nam faclan *urnuidhe* agus *inndse*? (4)
- b. Tha trì eisimpleirean de urachadh le trì adhbharan eadar-dhealaichte **ann an dubh** shuas. Mìnich iad. (12)
- c. Dè tha an *t* ann an *do tsuidhiughadh* a' riochdachadh? (4)
- d. Chan eil an litreachadh buileach cunbhalach, fiù sa phìos ghoirid seo. Thoir eisimpleir. (5)
- e. Sgrìobh nota air co-theacsa an leabhair seo, agus air inbhe Charsuel fhèin. (15)

Freagair dà cheist a-mach à ceistean 2 – 8

Tha 100 comharra air gach ceist.

2. Dè tha sinn a' ciallachadh leis na faclan 'Ceiltis Eòrpach' agus 'Ceiltis Eileanach', agus dè an gnothach a tha aig a' Ghàidhlig riutha?
3. Bho na sgrìobhaidhean aithghearr air clachan oghaim, tro na làmh-sgrìobhainnean as sine à Èirinn, gu Leabhar Dhèir ann an ear-thuath na h-Alba san 12mh linn, dè as urrainn ionnsachadh mu eachdraidh na Gàidhlig sgrìobhte?
4. A-rèir an Àrd-Ollaimh Breandán Ó Buachalla, bha mearachdan bunaiteach anns an teòraidh a bha aig an Àrd-Ollamh Coinneach Jackson air *Gàidhlig Choitcheann*. Ach dè cho eadar-dhealaichte 's a bha an dòigh san robh an dithis aca a' faicinn dàimh eadar Gàidhlig na h-Alba, na h-Èireann agus Eilean Mhanainn?
5. Ged a sguir a' Ghàidhlig Chlasaigeach ann am bàrdachd, sgrìobhadh eachdraidh is eile dh'fhaidte ràdh gun do lorg i 'meadhan' ùr ann an creideamh pròstanach a lean gu math fada. Gabh beachd.
6. A bheil beachd agad carson a roghnaich feadhainn a bhith a' cleachdadh nòs litreachaidh neo-thradaiseanta bhon 16mh ceud air adhart, no carson nach do ghabh seo thairis mar cheart-sgrìobhadh àbhaisteach na Gàidhlig?
7. Innis mar a chaidh nòsan-litreachaidh a leasachadh a bhiodh na bu fhreagarraiche do sgrìobhadh is leughadh ann an Gàidhlig *ghnàthasach* na h-Alba bhon 18mh linn air adhart.
8. Ciamar a dh'fhàs na Gàidheil nas eòlaich air a bhith a' leughadh an cànan fhèin eadar steidheachadh an SSPCK agus Achd an Fhoghlaim ann an 1872?

Deireadh a' Phàipeir